

Freagairt Bòrd na Gàidhlig do Cho-chomhairle Riaghaltas na h-Alba air Gàidhlig agus Albais agus Bile nan Cànanan Albannach

Facal-tòiseachaidh

Tha Bòrd na Gàidhlig (BnG) a' cur fàilte air a' phàipear co-chomhairleachaidh, dealas Riaghaltas na h-Alba airson ceumannan làidir agus àrd-amasach airson luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic na Gàidhlig agus airson an adhartais gu ruige seo. Bidh toirt air adhart nan gealltanasan seo na cheum cudromach ann an adhartas na h-Alba gus a' Ghàidhlig agus a cultar ath-bheothachadh.

Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha cànanan dùthchasach uile na h-Alba agus na tha iad a' cur ri iomadachd chultarach na dùthcha agus tha ar taic ri ceumannan dhan Albais sa cho-chomhairle seo.

Tha BnG air obrachadh còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus luchd-ùidh gus Gàidhlig a thoirt air adhart bho chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) aontachadh (an Achd)¹ ann an 2005 agus tha e a' toirt taic làidir do fhrèam reachdail nas treasa airson a' chànan agus a luchd-labhairt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taic.

Tha an fhianais bho Shuirbhuidh Beachdan Sòisealta na h-Alba 2021² a' sealltainn gu bheil barrachd taic agus iarrtas airson a' chànan, gu sònraichte am measg dhaoine òga. Is iad sin na prìomh theachdaireachdan aige:

- Fhuair an suirbhuidh a-mach gun robh còrr is an dàrna leth de dhaoine a rinn an suirbhuidh airson 's gum biodh fàs ann an àireamhan luchd-labhairt na h-Alba san àm ri teachd, le 56% den bheachd seo.
- A rèir an t-suirbhuidh, tha daoine òga, daoine le eòlas nas motha air a' Ghàidhlig, agus an fheadhainn a tha air barrachd fhaicinn is cluinntinn den chànan am measg nam prìomh fhactaran san fhàs seo. Tha an suirbhuidh a' sealltainn gu bheil beachdan fàbharach nas dualtaiche a bhith aig daoine a tha air Gàidhlig fhaicinn no a chluinntinn.
- Tha an SSA cuideachd a' sealltainn gun robh atharrachadh mòr ann am beachdan a thaobh foghlaim. Tha còrr is an dàrna leth den fheadhainn a ghabh pàirt san t-suirbhuidh, 55% den bheachd gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a teagasg do gach sgoilear aois eadar còig agus 15 eadar uair is dà uair a thìde gach seachdain. Seo àrdachadh mòr bho dìreach 38% ann an 2012.
- Tha e soilleir cuideachd gu bheil a' Ghàidhlig a' cur ri sunnd le 70% de dh'inbhich ag ràdh gun robh faireachdainn de choileanadh aca bho bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Sheall a' cho-chomhairle nàiseanta air an ath Phlana Nàiseanta Gàidhlig a rinn Bòrd na Gàidhlig na bu thràithe am-bliadhna taic làidir dhan phlana mar a chaidh a sgrìobhadh, le cuid eile a' moladh neartachadh no mìneachadh a bharrachd. B' e prìomh theachdaireachd a' cho-chomhairleachaidh an taic làidir a fhuair Bòrd na Gàidhlig agus an obair a bhios e a' dèanamh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair leis an riaghaltas agus luchd-ùidh gus na h-ath cheumannan ann a bhith a' cruthachadh dreachd bhile tron phròiseas phàrlamaidich fhiosrachadh agus a chuideachadh. Tha ar freagairt a' cuimseachadh air cuid de na prìomh nithean a tha a dhìth nar beachd gus na molaidhean a thoirt air adhart.

¹ <https://www.legislation.gov.uk/asp/2005/7/contents>

² <https://natcen.ac.uk/our-research/research/scottish-social-attitudes-attitudes-towards-gaelic/>



Tha ar freagairt air a thoirt seachad ann an ceithir earrannan: ro-innleachd nàiseanta ùr airson foghlam; na roghainnean airson Gàidhealtachd oifigeil a chruthachadh; gnìomhan agus structaran Bhòrd na Gàidhlig; agus reachdas eile a thathar a' moladh a dh'fhaodadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba. Tha iomradh air fianais a tha mar bhunait air an fhreagairt againn ann am Pàipear-taice 1. Tha seo a' gabhail a-steach a' phàipear fiosrachaidh a bha mar bhunait dhan dreachd den cheathramh Plana Nàiseanta Gàidhlig.

1. Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG)

Tha an earrann a leanas a' mìneachadh prìomh phrionnsabalan a bhios bunaiteach, ann am beachd Bhòrd na Gàidhlig, ma tha ro-innleachd ùr dhan chànan gu bhith soirbheachail. A bharrachd air prionnsapalan, tha nòtaichean an cois seo a chuidicheas gus na miannan a tha air cùl gach prionnsapal a thuigsinn.

1.1 Bheireadh Riaghaltas na h-Alba aig ìre mhinistearan stiùireadh dhan Ro-innleachd Foghlam Gàidhlig ùr gus dèanamh cinnteach gun tèid a libhrigeadh, le Buidhnean Foghlaim Nàiseanta agus Ùghdarrasan Ionadail a' cur ris tro thargaidean. Bu chòir ceangal soilleir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig³ a bhith mar co-theacsa na ro-innleachd.

- a) Mar a chaidh aithneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh, tha ro-innleachdan roimhe seo air adhartas a dhèanamh mean air mhean le leasachadh agus libhrigeadh foghlam Gàidhlig agus mar a tha aithnichte sa phàipear co-chomhairleachaidh, tha feum air barrachd adhartais. Tha am moladh gum biodh ceannardas aig ìre Mhinistreibh san Ro-innleachd na phrìomh fheart ann a bhith a' neartachadh buaidh na ro-innleachd. Mar a thathar a' deasbad san treas pàirt den phàipear seo, chan eil cumhachd aig Bòrd na Gàidhlig aig an àm seo gus dèanamh cinnteach gu bheil Ùghdarrasan Ionadail agus Buidhnean Foghlaim Nàiseanta ag obair còmhla gus ro-innleachd a chur an gnìomh. Chuidicheadh a bhith a' cur ceannardas aig an ìre as àirde de riaghaltas an dà chuid le bhith a' libhrigeadh na ro-innleachd agus ag àbhaisteachadh foghlam Gàidhlig ann an Alba.
- b) Bu chòir àite soilleir a bhith aig Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' toirt seachad comhairle phroifeiseanta agus taic do Mhinistearan na h-Alba agus dhan a h-uile com-pàirtiche. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn seo ann an Earrann 3.2.d.
- c) Bu chòir aithris gu poblach air targaidean SMART co-cheangailte ri FtG agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) gach bliadhna.
- d) A rèir fios-air-ais a fhuaras tron cho-chomhairle air an ath Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, bu chòir dhan ro-innleachd nàiseanta dèanamh cinnteach gu bheil FtG a tha a' cumail taic ri togail cànan eifeachdach air a libhrigeadh taobh a-staigh co-theacs sòisealta is coimhearsnachd a tha freumhaichte sa Churraicealam airson Sàr-mhathais agus a' gabhail a-steach cultar na Gàidhlig.

1.2 Thèid còraichean phàrantan air foghlam Gàidhlig a chruthachadh.

- a) Aig an àm seo, tha còir aig pàrantan foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig iarraidh⁴. Bu chòir a' chòir gus iartras a dhèanamh airson foghlam Gàidhlig a leudachadh gus am bi còir ann solar tràth-bhliadhnaichean agus àrd-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig iarraidh. Bidh Comann nam Pàrant Nàiseanta (CnamP), a' bhuidheann nàiseanta airson comhairle is taic do phàrantan air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, na phrìomh chom-pàirtiche ann a bhith a' leudachadh chòraichean phàrantan air foghlam Gàidhlig, le taic bho BnG.
- b) Ann an co-rèir ris an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig, tha a' chòir gus solarachadh FtG ùr iarraidh ag adhbharachadh co-chomhairle leis an ùghdarras ionadail le BnG, Foghlam Alba agus CnamP mar cho-chomhairlichean reachdail. Aig an àm seo, chan eil dleastanas sam bith air an ùghdarras ionadail moladh BnG no Foghlam Alba a tha ag èirigh bhon cho-chomhairle a chur an gnìomh. Thathar a' moladh, far a bheil BnG a' cur taic ris an iartras, gum bu chòir iarraidh air an ùghdarras ionadail gabhail ris na molaidhean mar a thathar a' moladh. Bu chòir comas a bhith

³ <http://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2018/03/BnG-NGLP-18-23.pdf>

⁴ <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2017/01/Sti%C3%B9ireadh-Foghlam-airson-Foghlam-G%C3%A0idhlig-G.pdf>

aig an Ùghdarras Ionadail tagradh a dhèanamh gu Ministearan na h-Alba ma tha iad den bheachd nach urrainn dhaibh moladh BnG a chur an gnìomh.

- c) Bu chòir na còraichean seo a leudachadh gu còir air foghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile far a bheil an solar ann mar-thà.

1.3 Bu chòir taic agus leasachadh na Gàidhlig a bhith am measg nam prìomh amasan aig a h-uile Buidheann Foghlaim Nàiseanta. Bidh amasan Gàidhlig ann am planaichean bliadhna agus fad-ùine a mhìnichas na bhios gach buidheann a' lìbhrigeadh, agus comharraichidh gach aithisg adhartais na chaidh a choileanadh airson na Gàidhlig.

- a. Tha BnG air fiosrachadh farsaing a sholarachadh gus comhairle a thoirt seachad mu fheumalachdan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig airson raon farsaing de cho-chomhairlean air leasachadh foghlam na h-Alba. Tha liosta dhiubh sin agus de na co-chomhairlean eile co-cheangailte ri foghlam ann am Eàrr-ràdh 1.
- b. Tha adhartas air a bhith ann le Buidhnean Foghlaim Nàiseanta ann a bhith lìbhrigeadh airson na Gàidhlig. Feumar seo a dhaingneachadh agus togail air anns na leasachaidhean a tha ri thighinn aig ìre nàiseanta.
- c. Tha feum air fianais nas soilleire air buaidh bho gach buidheann. Bheir seo taic ri fàs, planadh airson leasachadh agus dèiligeadh ri dùbhlain.
- d. Thathar a' dèanamh ath-sgrùdadh air na buidhnean nàiseanta le uallach airson a bhith a' cumail taic ri, agus a bhith a' leasachadh an t-siostam foghlaim nàiseanta againn aig an àm seo. Bu chòir riatanas a bhith air a h-uile buidheann foghlaim nàiseanta comhairle a shireadh agus obrachadh ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig air a h-uile cùis co-cheangailte ris a' Ghàidhlig (faic cuideachd Earrann 3.2.d).

1.4 Bu chòir dhan ro-innleachd a bhith a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh air co-theacsan reachdail a th' ann mar-thà, leithid an Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig agus comhairle leithid Comhairle Foghlam Alba air Foghlam Gàidhlig.

- a) Bu chòir a' Chomhairle air Foghlam Gàidhlig ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil mìneachadh ann air Foghlam Tràth-bhliadhnaichean, Bun-sgoil is Àrd-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach mìneachadh air na tha air a mhìneachadh an-dràsta mar *Fhoghlam Àrd-sgoile Gàidhlig* agus na dh'fhaodadh a bhith air a mhìneachadh mar *a bhith ag obair a dh'ionnsaigh foghlam àrd-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig*.
- b) Mar phàirt de dh'ath-sgrùdadh air a' Chomhairle air Foghlam Gàidhlig, bu chòir Foghlam Alba (no buidheann cho-ionann) a tha ag obair còmhla ri solaraidhean ITE Gàidhlig, stiùireadh soilleir a thoirt seachad air modhan teagaisg bogaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil an dòigh-obrach a thathar a' cleachdadh gu nàiseanta a rèir cleachdadh co-aimsireil, stèidhichte air rannsachadh.
- c) Bu chòir dhan ath-sgrùdadh air an Stiùireadh Reachdail a bhith a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh air solar nan Tràth-bhliadhnaichean agus Àrd-sgoiltean, na thathar a' sùileachadh bho Ùghdarrasan Ionadail agus an stairsnich clàraidh de còignear cloinne.
- d) Anns an ath-sgrùdadh air an Stiùireadh Reachdail, bu chòir beachdachadh air cò air a bu chòir an t-uallach a bhith gus an t-iarrtas tùsail a dhèanamh airson solar FtG. Cha bu chòir seo a bhith an urra ri pàrant fa-leth no buidheann de phàrantan tuilleadh.

1.5 Bu chòir Ro-innleachd ùr do Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a chruthachadh taobh a-staigh prògram cànanan 1+2 ⁵ leis an amas gum bi a' chlann uile a dh'fhàgas siostam Foghlam na h-Alba air coinneachadh ris a' Ghàidhlig aig àm air choreigin rè am foghlam sgoile (mar L2 no L3).

- a) Bu chòir do dh'Ùghdarrasan Ionadail an t-àrd-amas mar a tha air a mhìneachadh gu h-àrd a thuigsinn agus a bhith ag obair a dh'ionnsaigh thargaidean gus an t-àrd-amas seo a libhrigeadh mean air mhean.
- b) Tha dàta ga chruinneachadh le Foghlam Alba air solar L2 agus L3 aig ìre nàiseanta agus airson nan 32 Ùghdarrasan Ionadail gu lèir. Tha dàta air fhoillseachadh le SQA mu choileanaidhean Nàiseanta 5/Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach. Bu chòir leantainn air adhart leis an obair seo anns na buidhnean foghlaim ùra agus bu chòir sgrùdadh bliadhnail air an dàta gu lèir a bhith mar phrìomh chomharra airson soirbheachas na Ro-innleachd Foghlaim Nàiseanta.
- c) Às dèidh measadh, bu chòir beachdachadh air a' phileat airson Teisteanas Teagaisg a Bharrachd⁶ a leudachadh gus am bi cùrsaichean *Gàidhlig mar nuadh-chànan* rim faighinn ann an àireamh a tha a' sior fhàs de sgoiltean tron Bheurla. Bu chòir sùil gheur a chumail air an àireimh de sgoiltean tro mheadhan na Beurla a tha a' tabhann Gàidhlig mar nuadh-chànan gu ìre Nàiseanta, Àrd-ìre agus Àrd-ìre adhartach agus bu chòir adhartas a bhith ann leis na h-àireamhan gach bliadhna.

1.6 Bu chòir Planadh Leasachadh Sgoile agus Aithris air Inbhean agus Càileachd a bhith an sàs aig gach seirbheis FtG gach bliadhna.

- a) Bu chòir seo a bhith ceangaltach fon lagh a thaobh solar FtG uile.
- b) Bu chòir dhan phrìomh bhuidhinn ùir airson Foghlam na h-Alba geàrr-chunntas nàiseanta a chur ri chèile agus fhoillseachadh gach bliadhna de thargaidean Planadh Leasachadh Sgoile agus Adhartas Bliadhnail air a chlàradh ann an Aithrisean Inbhean agus Càileachd.
- c) Bu chòir dhan gheàrr-chunntas bliadhnail a bhith a' fiosrachadh agus a' leasachadh phlanaichean obrach bliadhnail nam buidhnean foghlaim nàiseanta agus libhrigeadh bliadhnail bhuidhnean leithid Stòrlann Nàiseanta.
- d) Bu chòir gach Ùghdarras Ionadail cuideachd geàrr-chunntas a chur ri chèile agus fhoillseachadh gach bliadhna air an adhartas a rinneadh ann am FtG thar Foghlam Tràth-bhliadhnach, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile.
- e) Bu chòir e-Sgoil, mar sholarachadh nàiseanta, Prògram Leasachaidh FtG Bliadhnail agus Aithisg Inbhean is Càileachd FtG a thoirt seachad cuideachd, a tha gu soilleir a' nochdadh fàs bliadhnail anns an àireimh de chùrsaichean a thathar a' tabhann (a' gabhail a-steach prìomh fhianais air cùrsaichean le Duais SQA), an àireamh de sgoiltean FtG a tha an sàs agus an àireamh de sgoilearan a tha air buannachd fhaighinn bho sholar chùrsaichean e-Sgoil.

1.7 Bidh sgoiltean FtG fa leth nam bun-roghainn airson gach solar ùr agus mìnichidh gach Ùghdarras Ionadail mar a bhios e a' gluasad a dh'ionnsaigh sgoiltean Gàidhlig fa leth.

- a) Dh'fhaodadh gum feum seo leasachadh meadhan-ùine agus beagan sùbailteachd ann an solar dùthchail far a bheil sluagh beag ann. Ach bu chòir ro-thaobhadh a bhith ann san fharsaingeachd gum bi FtG air a thoirt seachad ann an sgoiltean Gàidhlig fa leth.

⁵ <https://www.gov.scot/policies/languages/language-learning/#:~:text=The%201%2B2%20approach&text=This%20ambitious%20policy%20aims%20to,third%20year%20of%20secondary%20education>.

⁶ <https://www.gaidhlig.scot/gd/bord-na-gaidhlig-agus-oilthigh-shrath-chluaidh-a-cur-a-chiad-teisteanas-teagaisg-gaidhlig-mar-nuadh-chanan-air-bhog/>

- b) Bu chòir sùil a chumail gach bliadhna air an àireamh de chloinn is daoine òga a th' ann an sgoiltean FtG fa leth agus iomradh a thoirt air mar àireamh sa cheud den chlàradh gu lèir ann am FtG. Mar an ceudna bu chòir sùil a chumail air an àireamh de shuidheachaidhean bun-sgoile agus àrd-sgoile FtG gach bliadhna.

1.8 Bu chòir prìomhachas fastaidh is leasachaidh luchd-obrach a bhith san Ro-innleachd Foghlaim. Bidh seo a' gabhail a-steach Tìdsearan Bun-sgoile agus Àrd-sgoile ann am FtG agus Oifigearan Leasachaidh Chloinne agus Tìdsearan Tràth-bhliadhnaichean. Cuideachd, bu chòir sùil a chumail air an àireamh de Thìdsearan Nuadh-chànanan a tha a' libhrigeadh Gàidhlig ann am foghlam tro meadhan na Beurla agus bu chòir seo àrdachadh thar raon-ama san ro-innleachd.

- a) Thèid sanasachd a dhèanamh air cùrsaichean Foghlam Tòiseachail Luchd-teagaisg FtG gach bliadhna le solaraichean agus thèid sùil gheur a chumail air an ìre-chleachdadh.
- b) Bu chòir solar a bharrachd de chùrsaichean do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, coltach ris an MA ann am Foghlam Bun-sgoile le Gàidhlig aig Oilthigh Dhùn Èideann, a chruthachadh agus a libhrigeadh.
- c) Bu chòir am Prògram Bogaidh⁷ a th' air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig a bhith air a chleachdadh barrachd le Ùghdarrasan Ionadail. Thèid barrachd solair bogaidh a chur air dòigh a rèir iarrais.
- d) Bu chòir do gach Ùghdarrasan Ionadail le solar FtG aig ìre na h-Àrd-sgoil fianais a thoirt seachad gu bheil tìdsearan FtG a' toirt seachad làn chlàr-ama ann am FtG.
- e) Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig leantainn air adhart le bhith a' dèanamh iomairtean leithid Prògram Tadhalan Sgoile, DèanDiofar luchd-teagaisg⁸, DèanDiofar Tràth-Ìrean⁹, agus Sgeama nan Tabhartasan Foghlaim Ghàidhlig¹⁰ agus a' toirt seachad fianais air buaidh.
- f) Bu chòir do dh'Ùghdarrasan Ionadail sealltainn mar a tha iad a' togail structaran adhartachadh dreuchd anns na seirbheisean FtG aca (m.e. structaran adhartachaidh ann an sgoiltean Gàidhlig fa leth).
- g) Bu chòir prògram STEM Riaghaltas na h-Alba¹¹ atharrachadh gus Gàidhlig a chur ris— gu bhith na sgeama STEM +G. Dhèanadh seo cinnteach gum brosnachadh an sgeama luchd-ceumnachaidh ann an cuspairean neo-STEM a tha airson a dhol a-steach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig bursaraidhean fhaighinn.
- h) Bu chòir pileat a dhèanamh air Luchd-taic na Gàidhlig agus bu chòir an toirt a-steach dhan t-siostam FtG.
- i) Bu chòir beachdachadh air crìochan meud chlasaichean FtG, gu sònraichte aig ìre làn-bhogaidh sa bhun-sgoil.
- j) Mar phàirt de phlanadh leantainneach nan Ùghdarrasan Ionadail/Sgoiltean, bu chòir ro-mheasaidhean luchd-obrach a chleachdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ullachadh iomchaidh ann gus FtG a leudachadh, agus mar sin gu bheil a' dèanamh feum fiosraichte de chothroman gus sgilean luchd-obrach àrdachadh, m.e. Cùrsaichean Bogaidh do Thìdsearan, gus targaidean a choileanadh.
- k) Bu chòir gealltanais a thoirt gun tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidhe a tha aig modal roghainnean cùrsaichean na h-ìre as àirde air ìre-cleachdadh theisteanasan Gàidhlig/Gaelic gu nàiseanta, le plana gnìomh gus leantainn air seo ma bhios sin iomchaidh.

⁷ <https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/cothroman-maoineachaidh/tabhartasan-cursaichean-bogaidh-gaidhlig-do-luchd-obrach-foghlaim/>

⁸ <https://www.gaidhlig.scot/gd/foghlam/deandiofair/>

⁹ <https://www.gaidhlig.scot/gd/deandiofar-trath-bhliadhnaichean/>

¹⁰ <https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/cothroman-maoineachaidh/tabhartasan-foghlaim/>

¹¹ <https://stembursaryscotland.co.uk/>

- l) Bu chòir dhan ro-innleachd cothroman a libhrigeadh airson solar FtG àrd-sgoile eadar-ùghdarrasan. Dh'fhaodadh seo cur ri càileachd fharsaing FtG do dhaoine òga agus ri bhith a' cumail taic ri bhith a' fòcasadh ghoireasan ann an dòigh nas èifeachdaiche.
- m) Bu chòir ath-sgrùdadh a dhèanamh air Frèaman Cànain 3-18 airson togail cànain mar phrìomh thargaid. Bhiodh seo cuideachd a' fiosrachaidh prògram nan goireasan aig Stòrlann Nàiseanta agus na Buidhnean Foghlaim ùra.
- n) Bu chòir gnìomhan co-cheangailte ri cùisean fastaidh is gleidhidh a bhith san Ro-innleachd Nàiseanta, a thaobh dùbhlain sònraichte ann an Comhairlean na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Obar Dheathain.

2 Gàidhealtachd oifigeil

Tha grunn structairean agus ro-innleachdan ann mar-thà a tha a' buntainn ri bhith a' coimhead air a bhith a' cruthachadh Gàidhealtachd no Gàidhealtachdan oifigeil.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 agus an dreachd Plana Nàiseanta Gàidhlig airson 2023-28 a' cur an cèill gu soilleir gu bheil feum air diofar dhòighean-obrach gus taic a thoirt do dhiofar sheòrsaichean de choimhearsnachdan Gàidhlig. Tha am Plana làithreach ag ràdh gu bheil trì seòrsaichean farsaing de choimhearsnachd ann – na coimhearsnachdan traidiseanta ann an sgìrean eileanach agus dùthchail; na coimhearsnachdan a tha a' fàs ann am bailtean-mòra agus cathair-bhailtean; agus a' choimhearsnachd air-loidhne a tha a' sìor fhàs:

"Feumar oidhirp a dhèanamh gu sònraichte gus Gàidhlig a ghleidheadh is a neartachadh sna coimhearsnachdan eileanach is dùthchail far a bheil i fhathast an ìre mhath làidir agus na ciad chànan do chuid mhath den t-sluagh.

'S e aon de na dùbhlain as motha a tha ro na coimhearsnachdan seo sluagh a ghleidheadh a tha a' cosnadh. ... Bidh fuasglaidhean innleachdach a dhìth bho dhiofar luchd-compàirt a thaobh obraichean, taighean aig prìs reusanta sna h-àiteachan ceart, deagh sheirbheisean cùraim slàinte is cùraim-chloinne, goireasan còmhdhail cunbhalach aig prìs reusanta agus ceangal luath ri seirbheisean bann-leathainn agus fòn-làimhe."

Bidh Bòrd na Gàidhlig daonnan a' cur cuideam air feumalachdan nan eilean agus choimhearsnachdan dùthchail a thaobh cumail suas àireamhan-sluaigh agus neart a' chànan tro fhreagairtean do cho-chomhairlean nàiseanta is roinneil, a bharrachd air a bhith an sàs ann am fòraman eadar-bhuidhneach (Eàrr-ràdh I).

Tha teachdaireachd shoilleir sa Phlana cuideachd gum buin a' Ghàidhlig do dh'Alba air fad agus tha seo cudromach ann a bhith a' cur cuideam air luach nàiseanta na Gàidhlig agus a cultar co-cheangailte. Ann a bhith a' cruthachadh structaran sam bith a tha a' comharrachadh no a' toirt dìon sònraichte do sgìrean no choimhearsnachdan, feumaidh iad sin a bhith air an cothromachadh le feumalachdan agus miannan nan coimhearsnachdan no lìonraidhean eile de luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air feadh na h-Alba.

Plana Nàiseanta nan Eileanan

Tha a' chiad Phlana Nàiseanta nan Eilean¹² ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig agus a cultar gu cunbhalach thar nan trì cinn-uidhe deug ro-innleachdail aige. Tha an Stiùireadh Measadh Buaidh air Coimhearsnachd Eileanach, a chaidh ùrachadh bho chionn ghoirid, air àrdachadh mòr a thoirt air a' chuideam air a' Ghàidhlig ann am measaidhean a nithear airson a bhith a' cruthachadh no ag ùrachadh ro-innleachdan agus poileasaidhean co-cheangailte ri eileanan.

Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig

Tha an Stiùireadh Reachdail air Planaichean Gàidhlig¹³ a' gabhail a-steach na comhairle coitchinn seo:

¹² <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/strategy-plan/2019/12/national-plan-scotlands-islands/documents/national-islands-plan-plana-naiseanta-nan-eilean/national-islands-plan-plana-naiseanta-nan-eilean/govscot%3Adocument/national-islands-plan-plana-naiseanta-nan-eilean.pdf>

¹³ <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/10/Stiùireadh-air-Leasachadh-Phlanaichean-Gaidhlig-2007.pdf>

"San fharsaingeachd tha am Bòrd a' sùileachadh anns na ceàrnaidhean far as àirde na h-àireamhan sa chunntas no sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig, gum bi raon nas fharsainge agus ìre dhleastanasan nas làidire ann am Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.

Tha inbhe nan dùilean sin air a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd ann an 3.3.c).

2.1 Thathar a' moladh anns an earrainn sin gum bu chòir a' phàirt seo den Stiùireadh Reachdail a bhith mar phàirt den reachdas ùr no ath-sgrùdaichte, a' cruthachadh dleastanas soilleir air ùghdarrasan poblach dèiligeadh ri seo ann an cruthachadh an cuid phlanaichean Gàidhlig.

Tha cothroman ag èirigh bho bhith ag aithneachadh sgìrean cruinn-eòlach mar sgìrean Gaidhealtachd a' gabhail a-steach:

2.2 An cothrom an ceangal eadar a' Ghàidhlig agus a' choimhearsnachd a neartachadh – a' cruthachadh ceangal nas dlùithe eadar dearbh-aithne na coimhearsnachd ionadail agus Gàidhlig mar chomharra air dearbh-aithne sònraichte dhaoine.

2.3 Dh'fhaodadh e cuideachadh gus plana Gàidhlig eadar-bhuidhneach a chruthachadh le fòcas air sgìre chruinn-eòlasach gus leasachaidhean Gàidhlig a cho-òrdanachadh agus a bhuileachadh taobh a-staigh sgìre chuibhrichte agus chomharraichte. Chruthaich seo cothrom do raon farsaing de ghnìomhan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a libhrigeadh gun a bhith a' togail structaran biùrocratach a bharrachd. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn seo anns an earrainn air gnìomhan agus structaran Bhòrd na Gàidhlig.

2.4 Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann fòcas nas mionaidiche a thoirt air cùisean ionadail, leithid taigheadas, eaconamaidh, còmh-dhail, agus atharrachadh deamografach, a tha a' toirt buaidh air a' Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan nas iomallaiche.

Ann a bhith a' cruthachadh crìochan cruinn-eòlasach no crìochan eile, tha grunn dhùbhlain ag èirigh, leithid:

2.5 Tha crìochan stèidhichte air cleachdadh cànan gu tric connspaideach, dh'fhaodadh iad sgaraidhean adhbharachadh agus tha iad gu sònraichte toinnte ann an Alba far am faodadh pàirtean de dh'eileanan a bhith nam pàirt de dheamografaig a gheibh aithne mar sgìre Gaidhealtachd ach nach fhaigheadh pàirtean eile den aon eilean.

2.6 Tha cùisean bun-structair sa chumantas aig coimhearsnachdan eileanach agus dùthchail – còmh-dhail, taigheadas, cothroman eaconamach, agus ceangailteachd. Dh'fhaodadh seo sgaraidhean adhbharachadh eadar eileanan, sgìrean air tìr-mòr agus pàirtean de dh'eileanan.

2.7 Tha fàs ann an coimhearsnachdan Gàidhlig bailteil follaiseach. Bu chòir cuideachd taic agus goireasan a thoirt do na coimhearsnachdan sin, agus a bhith air an gabhail a-steach ann am mìneachadh sam bith air Gaidhealtachd oifigeil.

2.8 Bidh libhrigeadh seirbheis nàiseanta is ionadail sa Ghàidhlig le buidhnean poblach taobh a-staigh Gaidhealtachd oifigeil nas toinnte agus bidh feum fhathast air taic aig ìre nàiseanta no ionadail taobh a-muigh crìochan na Gaidhealtachd oifigeil.

2.9 Tha dragh ann gum faodadh buidhnean nàiseanta na geallaidhean aca a thaobh leasachadh a' chànain san fharsaingeachd a lùghdachadh agus fòcas a chur gu sònraichte air sluagh chuibhrichte agus an ìre

mhath beag, a' fàgail gum bi an cànan air a chur air an iomall agus nas fhaide air falbh bho chòmhradh nàiseanta.

Ghabhadh na diofar fheumalachdan agus miannan aig na diofar choimhearsnachdan no lìonraidhean aithneachadh agus a thoirt air adhart tro bhith a' toirt dleastanasan reachdail a bharrachd do Bhòrd na Gàidhlig.

2.10 Dh'fhaodadh iad seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' toirt air ùghdarrasan poblach co-obrachadh ann a bhith a' cruthachadh agus a' cur an gnìomh phlanaichean Gàidhlig air bunait chruinn-eòlach, tro bhuidhinn leithid Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd. Dh'fhaodadh an t-ath-sgrùdadh air Achd Cumhachdachadh Coimhearsnachd (Alba) 2015 a tha a' dol air adhart a bhith na chothrom iomchaidh gus an t-atharrachadh seo a bhuileachadh.

Am measg nan dòighean eile a mholamaid, tha:

2.11 Dh'fhaodadh Planaichean Coimhearsnachd ann an dùthchannan eile leithid sa Chuimrigh cuideachadh le bhith a' cruthachadh iomairtean coimhearsnachd a tha an dà chuid air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus co-chòrdail ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Dh'fhaodadh planaichean eadar-bhuidhneach coimhearsnachd mar seo a bhith air an cur ri chèile an dà chuid ann an àrainneachdan dùthchail agus bailteil.

2.12 Dh'fhaodadh an iomairt a tha a' dol air adhart airson a bhith a' cruthachadh plana Gàidhlig coimhearsnachd co-òrdanaichte san Eilean Sgitheanach is Ratharsair a bhith na bhunait airson a bhith a' faighinn nam buannachdan aig plana coileanta stèidhichte sa choimhearsnachd, a' tarraing a-steach nam buidhnean poblach a tha ag obair san sgìre sin.

2.13 Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig measadh tùsail bhon taobh a-muigh a dhèanamh air a' bhuidh a bhios aig Plana Gàidhlig Coimhearsnachd an Eilein Sgitheanaich is Ratharsair a tha san amharc a rèir clàr-ama ainmichte gus leasachaidhean a bharrachd fhiosrachadh.

2.14 A' gabhail a-steach fianais bhon chiad sgrùdadh seo air iomairt an Eilein Sgitheanaich is Ratharsair, stiùiridh Bòrd na Gàidhlig cruthachadh dà iomairt eile den aon seòrsa ann an sgìrean far a bheil 20% no barrachd den t-sluagh clàraichte le Gàidhlig ann an cunntas-sluaigh 2021.

3 Bòrd na Gàidhlig

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh tro Achd na Gàidhlig (Alba) ann an 2005. Tha 17 bliadhna ann bho chaidh an Achd aontachadh agus tha e follaiseach gu bheil iarrtas ann airson frèam reachdail nas treasa agus le barrachd buaidh gus àireamhan dhaoine a tha a' bruidhinn agus ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba a chumail suas agus àrdachadh.

Tha ìrean riarachais bho luchd-ùidh agus luchd-obrach agus aithne an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh gu bheil piseach nach beag air tighinn air a' bhuidhinn uile a' nochdadh gu bheil a' bhuidheann a' coileanadh a h-adhbhar fon fhrèam a th' ann mar-thà. Ach, tha e soilleir cuideachd gu bheil crìochan an fhrèama sin agus ìrean nan stòrasan a' cur bacadh air barrachd leasachaidh, gu nàiseanta agus gu roinneil, agus tha an earrann seo a' cur air adhart mholaidhean gus dèiligeadh ris na bacaidhean sin.

3.1 Bu chòir Bòrd na Gàidhlig leantainn air adhart mar Bhuidheann Poblach Neo-roinneil agus mar bhuidheann nàiseanta airson na Gàidhlig.

Bidh a' bhuidheann a' toirt seachad comhairle agus taic phroifeiseanta air a h-uile cùis co-cheangailte ris a' Ghàidhlig do Mhinistearan na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba, buidhnean nàiseanta is roinneil a bharrachd air taic do choimhearsnachdan agus do dhaoine fa leth.

- a) Tha an dàimh leth-eisimeileach aige ri Ministearan na h-Alba a' toirt comas do BhnG comhairle phroifeasanta, neo-eisimeileach a thoirt seachad agus a dhleastanasan riaghlaidh a choileanadh a thaobh Achd na Gàidhlig.¹⁴
- b) Tha a' bhuidheann air a riaghladh le riochdairean bho raon de choimhearsnachdan Gàidhlig; tha a' Ghàidhlig aig a chridhe, an dà chuid ann an leasachadh poileasaidh agus cùisean obrachaidh; agus mar bhuidheann nàiseanta, tha an luchd-obrach aice stèidhichte ann an coimhearsnachdan eileanach, dùthchail agus bailteil.
- c) Tha an ìre de ghoireasan agus nàdar a' mhaoineachaidh bhliadhnail a' cruthachadh dhùbhlain dhan bhuidhinn. Thathar air fàilte a chur air na h-àrdachaidhean maoineachaidh bho chionn ghoirid (21/22 agus 22/23). Ach, tha nàdar geàrr-ùine nan àrdachaidhean maoineachaidh sin a' cur bacadh air àrdachadh ann an luchd-obrach maireannach. Mar sin bidh e doirbh an obair a bharrachd a chaidh a libhrigeadh bho chionn ghoirid a chumail suas. Bheireadh maoineachadh fad-ùine aig na h-ìrean a chaidh iarraidh sa Phlana Ionmhais Meadhan-ùine a chaidh a chur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba barrachd buaidh thairis air planadh cànan, comhairle foghlam Gàidhlig, leasachaidhean coimhearsnachd, adhartachadh na Gàidhlig agus gnìomhan eile. Tha e cudromach a thoirt fa-near cuideachd gu bheil dùbhlain ann a thaobh leantalachd agus planadh èiginn airson luchd-obrach agus tha bunait maoineachaidh bliadhnail a' cur ris na dùbhlain sin.
- d) Bheireadh maoineachadh fad-ùine agus àrdachadh maoineachaidh cothrom gus comhairle a thoirt ann an dòigh nas èifeachdaiche do bhuidhnean nàiseanta is roinneil agus do dh'Ùghdarrasan Ionadail agus bu chòir riatanas a bhith orra comhairle Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air a h-uile cuspair a bheir buaidh air a' Ghàidhlig (a' cleachdadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig mar phrìomh cho-theacs) (faic an nòta air Buidhnean Foghlaim aig 1.1.b).

¹⁴ <https://www.gov.scot/publications/public-bodies-in-scotland-guide/>

3.2 Bu chòir do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig leantainn air adhart mar a’ phrìomh dhòigh-obrach airson planadh ro-innleachdail airson leasachadh na Gàidhlig ann an Alba.

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Earrann 2 den Achd gus plana nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus a chur a-steach gu Ministearan na h-Alba gach còig bliadhna. Chuir BnG a-steach an ceathramh plana Nàiseanta Gàidhlig do Mhinistearan na h-Alba airson aonta bho chionn ghoirid. Tha BnG den bheachd gu bheil plana nàiseanta fhathast deatamach do leasachadh na Gàidhlig ann an Alba agus do dhealas làidir Riaghaltas na h-Alba dhan Ghàidhlig mar a tha air a mhìneachadh sa cho-chomhairle seo.

- a) Bhiodh buaidh a bu mhotha aig a’ Phlana Nàiseanta nam biodh barrachd soilleireachd ann air cò ris a tha e an urra uallaichean airson nan gnìomhan agus thargaidean a lìbhrigeadh. Tha barrachd tuigse ann air dleastanasan BnG agus Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean eile ann a bhith lìbhrigeadh leasachadh na Gàidhlig agus feumar fàilte a chur air seo. Bhiodh barrachd soilleireachaidh air a thoirt seachad tro cheanglaichean a-muigh eadar na diofar shruthan maoineachaidh nàiseanta co-cheangailte ris a’ Ghàidhlig agus cur an gnìomh a’ Phlana. Aig an àm seo, bidh Bòrd na Gàidhlig a’ faighinn mun chòigeamh cuid de bhuidseat nàiseanta bliadhnail na Gàidhlig. Tha e cudromach gun tèid barrachd feum a dhèanamh den eòlas taobh a-staigh BnG gus sealltainn mar a tha am maoineachadh nàiseanta uile a’ cur ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.
- b) Tha an iomairt Mhinistireil, *Adhartas nas Luaithe*, air barrachd spionnadh a thoirt do leasachadh na Gàidhlig. Tha an stiùireadh bho Rùnaire a’ Chaibineit, a’ nochdadh taic aig an ìre as àirde de riaghaltas, air buaidh mhòr a thoirt air adhartas. Is e sin as adhbhar gu bheil am moladh ann an Earrann 1.1 gum biodh ceannardas ministireil aig an ro-innleachd foghlaim nàiseanta ùr. Dh’fhaodadh an obair eadar-bhuidhneach ann an *Adhartas nas Luaithe* a bhith air a neartachadh barrachd le bhith a’ cruthachadh phlanaichean Gàidhlig sònraichte do dhiofar roinnean (faic 3.3.e airson barrachd fiosrachaidh).

3.3 Bu chòir am frèam reachdail airson Planaichean Gàidhlig a neartachadh

Tha planaichean Gàidhlig aig cha mhòr 70 buidheann poblach aig an àm seo a tha iad a’ cur an gnìomh gus fàs a thoirt air a’ Ghàidhlig. Tha na buidhnean sin a’ gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail, seirbheisean slàinte is èiginn agus buidhnean cultarail, àrainneachdail agus leasachaidh. Tha plana fa leth aig gach buidheann agus feumaidh iad, ma thèid iarraidh orra, aithisgean sgrùdaidh bliadhnail a chur gu Bòrd na Gàidhlig. Tha am pròiseas airson planaichean a thòiseachadh, a mheasadh agus a sgrùdadh air a mhìneachadh san Achd. Tha an Achd cuideachd a’ sònrachadh gum bi Bòrd na Gàidhlig ag ullachadh stiùireadh reachdail airson planaichean Gàidhlig agus ga fhoillseachadh aon uair is gun deach aontachadh le Ministearan na h-Alba.

- a) Bu chòir gum biodh a bhith a’ toirt taic agus comhairle phroifeiseanta do gach buidheann nàiseanta a thaobh na Gàidhlig a bhith am measg nam prìomh dhleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig.
- b) Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig an t-uallach airson an Stiùireadh Reachdail air Planadh Gàidhlig a chumail.
- c) Bu chòir am frèam reachdail a neartachadh le bhith a’ gluasad na leanas bhon Stiùireadh Reachdail air Planaichean gu reachdas: "Anns na ceàrnaidhean far as àirde na h-àireamhan sa chunntas no sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig, gum bi raon nas fharsainghe agus ìre dhleastanasan nas làidire ann am Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich." Bheireadh seo taic do na dòighean a tha ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha coimhearsnachdan le àireamh sa chiad nas àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig (faic 2.1).
- d) Bu chòir cumhachd reachdail ùr a bhith aig Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid Planaichean Gàidhlig Eadar-bhuidhneach a chruthachadh taobh a-staigh chrìochan cruinn-eòlach.

Dh'fhaodadh seo a bhith ceangailte ri com-pàirteachasan planadh coimhearsnachd agus dh'fhaodadh an t-ath-sgrùdadh làithreach air Achd Cumhachdachadh nan Coimhearsnachdan (Alba) 2015¹⁵ a bhith a' gabhail a-steach leasachaidhean do choimhearsnachdan Gàidhlig. (Faic 2.10.)

- e) Bu chòir cumhachd reachdail eile coltach ri seo a bhith aig BnG a bheir comas dhaibh a bhith a' toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig co-obrachail a chruthachadh airson raointean sònraichte, agus mar sin a bhith a' cur ri cleachdadh èifeachdach ghoireasan agus a' cruthachadh barrachd èifeachdais sgèile. Far a bheil iad sin air an cruthachadh, cha bhiodh riatanas ann gus Plana Gàidhlig a chruthachadh agus a bhuileachadh air stèidh nan ùghdarras fa leth.
- f) Aig an àm seo, chan eil an reachdas a' suidheachadh clàr-ama as giorra airson Plana Gàidhlig. Mholamaid gum biodh clàr-ama còig bliadhna aig a h-uile plana,
- g) Bu chòir Plana Gàidhlig ùrachadh mus tig an t-eagraan làithreach gu crìch agus mar sin bhiodh eadar-ghluasad gun chnap-starra sam bith eadar na diofar eagrain den phlana aig ùghdarras.
- h) Tha an reachdas a' toirt cead do Bhòrd na Gàidhlig atharraichean a mholadh air Planaichean Gàidhlig nuair a thèid an cur a-steach airson aonta. Ach, chan eil an dàrna cuid an reachdas agus an stiùireadh a' ceadachadh BnG gus toirt air ùghdarrasan na h-atharraichean sin a dhèanamh agus tha am pròiseas co-dhùnaidh mu eas-aonta no neo-ghèilleadh ris an Achd an urra ri Ministearan na h-Alba.
- i) An àite a bhith a' moladh atharraichean, bu chòir gum biodh e comasach do Bhòrd na Gàidhlig toirt air an ùghdarras atharrachaidhean a dhèanamh. Bu chòir na riatanas seo a bhith a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.
- j) 'S e dà mhìos an clàr-ama a tha ceadachadh an-dràsta airson eas-aonta eadar BnG agus ùghdarras a rèiteach, rud a tha gu math dùbhlach. Bu chòir seo atharrachadh gu ceithir mìosan.
- d) Far a bheil ùghdarras fhathast ag eas-aontachadh le riatanas, bu chòir gum biodh roghainn ann gum faod an t-ùghdarras ath-sgrùdadh iarraidh air an eas-aonta. Bhiodh an t-ùghdarras a' dèanamh seo tro bhith a' cur an dreachd phlana aca air adhart gu Ministearan na h-Alba, ag ainmeachadh an cuid fianais airson an eas-aonta leantainn. Is iad Ministearan na h-Alba an t-ùghdarras mu dheireadh a bhiodh ann airson co-dhùnaidhean mar a tha e an-dràsta.
- e) Mar an ceudna nuair a gheibhear Aithisg Dearcnachaidh Plana Gàidhlig, ma tha Bòrd na Gàidhlig den bheachd nach deach adhartas gu leòr a dhèanamh, bu chòir cead a bhith aig BnG riatanas leasachaidh fhoillseachadh. Chan eil an reachdas làithreach a' leigeil le BnG ach a bhith a' cur na cùise air adhart do Mhinistearan na h-Alba. Mar a chaidh a chur an cèill aig d) ma tha ùghdarras a' cur an aghaidh riatanas a chaidh fhoillseachadh mar fhreagairt do dh'Aithisg Dearcnachaidh a' Phlana Ghàidhlig aca, faodaidh iad am Plana Gàidhlig agus an Aithisg Sgrùdaidh aca a chur air adhart gu Ministearan na h-Alba a nì co-dhùnadh mun riatanas a dh'fhoillsich BnG.

¹⁵ [https://www.gov.scot/policies/community-empowerment/#:~:text=Community%20Empowerment%20\(Scotland\)%20Act%202015%20Review&text=The%20review%20will%20have%20a,the%20second%20half%20of%202023](https://www.gov.scot/policies/community-empowerment/#:~:text=Community%20Empowerment%20(Scotland)%20Act%202015%20Review&text=The%20review%20will%20have%20a,the%20second%20half%20of%202023).

4 Cùisean eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig

4.1 Inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil na h-Alba

Tha BnG a' moladh gum bi a' Ghàidhlig air a h-aithneachadh mar chànan oifigeil na h-Alba ann am Bile nan Cànanan Albannach a tha san amharc. Bheireadh seo air adhart am briathrachas san ro-ràdh dhan Achd a tha a' mìneachadh gnìomhan Bhòrd na Gàidhlig "*Achd Pàrlamaid na h-Alba gus buidheann a stèidheachadh le dleastanasan gus toirt gu buil le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann dhan Bheurla*" agus gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig leabaichte gu ìre nas iomchaidh ann am beatha chatharra na h-Alba.

4.2 Frèam reachdail eile

Ged a tha a' cho-chomhairle seo gu sònraichte a' sireadh bheachdan air Gàidhlig agus Albais a thaobh a bhith a' cruthachadh bile chànanan na h-Alba, tha e cudromach na cothroman a th' ann gus a' Ghàidhlig a neartachadh ann an Alba tro na h-ath-leasachaidhean reachdail eile ann am beatha na Pàrlamaid seo a chomharrachadh. Chaidh cuid de na h-atharrachaidhean sin a chomharrachadh mar-thà agus tha geàrr-chunntas goirid dhiubh sin agus de dh'atharrachaidhean eile a' leantainn.

4.2.1 Bile Ath-leasachaidh an Fhoghlaim

Tha iomraidhean air a bhith ann tron phàipear seo uile air an obair leantainnich a thaobh an leasachaidh seo a tha air leth cudromach dhan Ghàidhlig. Tha e deatamach gum bi aithne ann an obair leasachadh a' bhile air feumalachdan agus miannan FtG is FLI.

Tha fiosrachadh nas mionaidiche ann an Eàrr-ràdh I air a' cho-chomhairle a thug BnG seachad air seo.

4.2.2 Bile Chòraichean Daonna

Bu chòir dèanamh cinnteach gu bheil còraichean daonna co-cheangailte ri mion-chànanan dùthchasach air an gabhail a-steach sa Bhile Còraichean Daonna a thathar a' moladh. Gu ruige seo, tha còmhradhean air fòcas a chur air còraichean cultarail is sòisealta agus feumar seo a leudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil còraichean luchd-labhairt mion-chànanan dùthchasach air an cur an cèill sa Bhile.

4.2.3 Lèirmheas air Achd Cumhachdachadh Coimhearsnachd

Mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd (2.10 agus 3.3.d) tha cothroman anns an ath-sgrùdadh seo air reachdas gus dèanamh cinnteach gu bheil planadh cànan airson na Gàidhlig air àbhaisteachadh taobh a-staigh na dòigh-obrach com-pàirteachais planadh coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh le Achd Cumhachdachadh nan Coimhearsnachdan (Alba) 2015. Dh'fhaodadh dòigh-obrach roinneil a thaobh planadh cànan a bhith mar aon de na dòighean-obrach a tha a' toirt taic dhan bhun-bheachd a bhith a' cruthachadh Ghàidhealtachdan ann an Alba.

4.2.4 Bile Ath-leasachaidh an Fhearainn

A rèir freagairt BnG dhan cho-chomhairle¹⁶, chaidh an ceangal eadar tìr, cànan agus daoine aithneachadh mar rud cudromach thar nan linntean. Tha cothroman nach beag gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig agus àrdachadh-sluaigh air an toirt air adhart anns a' phìos reachdais chudromach seo agus nan rachadh seo a dhèanamh, neartaicheadh e suidheachadh na Gàidhlig ann am buileachadh ath-leasachadh fearainn san àm ri teachd.

4.2.5 Plana Gnìomh Taigheadais Iomallach, Dùthchail is Eileanach

¹⁶ <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/10/land-reform-net-zero-nation-consultation-BNG-response-FINAL-eng-gd.pdf>

Tha BnG agus raon farsaing de bhuidhnean poblach is coimhearsnachd air na dùbhlain a tha mu choinneamh choimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta a chomharrachadh, gu sònraichte sa chòig bliadhna mu dheireadh, le fianais a' sìor fhàs air a' bhuidhnean a th' aig gainnead thaighean air prìs ruigsinneach air coimhearsnachdan eileanach agus dùthchail. Tha e deatamach gun tèid dèiligeadh ri feumalachdan nan coimhearsnachdan Gàidhlig taobh a-staigh fhuasglaidhean gus dèiligeadh ris na dùbhlain seo gus an glèidhear a' Ghàidhlig agus gus am a' fàs i mar chànan coimhearsnachd ann an Alba.

4.2.6 Bile Seirbheis Cùraim Nàiseanta

Fhreagair BnG a' cho-chomhairle air a' Bhile a tha ga mholadh¹⁷, a' moladh gum bu chòir gealltanais a bhith anns a' Bhile gun toir an t-Seirbheis Cùraim Nàiseanta ùr seirbheis do luchd-labhairt na Gàidhlig aig aois sam bith tro luchd-obrach iomchaidh, faicsinneachd agus cleachdadh a' chànan ann an àiteachan a tha iomchaidh agus ruigsinneach do theaghlaichean.

¹⁷ <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/08/National-Care-Service-BNG-Response-FINAL-en-gd.pdf>

Earr-ràdh 1

Freagairtean Co-chomhairleachaidh co-cheangailte ri Foghlam Gàidhlig

1. Co-chomhairle air Bile Sgoiltean (Foghlam Còmhnaidh A-muigh) (Alba)- <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/08/Schools-Outdoor-Education-Bill-BNG-Response-FINAL-GD-EN.pdf>
2. Cruinneachadh Dàta Frèama Leasachaidh Nàiseanta an Fhoghlaim, an t-Iuchar 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/07/Education-National-Improvement-Framework-Data-Collection-BNG-FINAL-GD-ENG.pdf>
3. Prògram Teagaisg Foghlam Adhartach Oilthigh Shrath Chluaidh, an Cèitean 2022 - [https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/05/Uni-of-Strathclyde-Further-Ed-Teaching-Program-Response-BNG-FINAL .pdf](https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/05/Uni-of-Strathclyde-Further-Ed-Teaching-Program-Response-BNG-FINAL.pdf)
4. Measaidhean Buaidh Riaghaltas na h-Alba air rèiteachaidhean airson a dhol air ais dhan sgoil airson a' Mhàirt 2022, am Màrt 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/03/Scot-Gov-Impact-Assessments-on-Back-to-Ullachaidhean-sgoile-airson-Màrt-2022-BNG-FINAL-gd-ga.docx>
5. Dùbhlàn Coileanaidh na h-Alba, an Gearran 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/03/The-Scottish-Attainment-Challenge-Freagairt-BNG-FINAL-GD-ENG.pdf>
6. Measadh Riaghaltas na h-Alba air rèiteachaidhean airson a dhol air ais dhan sgoil, am Faoilleach 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/01/Measaidhean-Buaidh-RnA-mu-buill-tilleadh-dhan-Sgoil-Fhaoilleach-2022-BNG-FINAL.pdf>
7. Co-chomhairle air Riaghailtean Clàraidh aig Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba, an Dùbhlachd 2021 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/01/GTCS-Consultation-Response-BNG-FINAL.pdf>
8. Co-chomhairle Ath-leasachaidh Foghlaim, an Dùbhlachd 2021 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2021/12/Education-Reform-Consultation-FINAL.pdf>
9. Ath-leasachadh air Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba agus Foghlam Alba, an t-Iuchar 2021 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2021/08/BnG-ReformofSQAES-GD-28072021.pdf>
10. Prògram Teagaisg Foghlam Adhartach Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan, an t-Ògmhios 2021 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2021/06/UHI-FE-Teaching-Programme-Consultation-BNG-FINAL.pdf>
11. Bile Cùmhnant nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean an Leanaibh (Corpachadh) (Alba) 2020 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2021/11/BnG-UNCRC-Freagairt.pdf>
12. Lèirmheas Curraicealaim OECD, an Dùbhlachd 2020 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2020/12/OECD-Curriculum-Review-2020.pdf>

Sgìrean-sgoile FtG agus Freagairtean do Mheasadh air Solarachadh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig

13. Stèidheachadh Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig aig Bun-sgoil Thornliebank, an t-Sultain 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/09/Freagairt-Co-Chomhairle-Rinn-Friu-An-Ear-FINAL-gd-eng.pdf> Bun-sgoil Ùige (An t-Eilean Sgitheanach), an Lùnastal 2019 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2020/08/Co-chomhairleachadh-aig-Comhairle-na-G%C3%A0idhealtachd-Bun-sgoil-%C3%99ige.pdf>
14. Freagairt do Làn Mheasadh air Solar Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Comhairle Baile Ghlaschu, an Cèitean 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/05/20220503-Freagairt-BnG-Glaschu.pdf>
15. Sgìre-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig airson Sgoil FtG Ghleann Urchadain, An Gearran 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/03/Freagairt-Gleann-Urchadain.pdf>

16. Sgìre-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig airson Buidheann Sgoile Co-cheangailte a' Phluic, an Giblean 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/05/Freagairt-Am-Ploc-Eng-Gd-BnG-FINAL.pdf>
17. Freagairt do Làn Mheasadh air Solar Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear, am Faoilleach 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/01/Measadh-Slan-airson-Solarachadh-FMG-Rinn-Friu-Freagairt-BNG-FINAL.pdf>
18. Sgìre-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig airson Àth Tharracail, an Dàmhair 2021 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2021/10/Freagairt-Ath-Tharracail1.pdf>
19. Sgìre-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig airson Baile Ùr an t-Slèibh, an Lùnastal 2021 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2021/08/Co-chomhairle-Baile-Ur-an-t-Sleibh-FINAL.pdf>
20. Molaidhean airson Sgìrean-sgoile airson Foghlam tron Ghàidhlig ann am Baile Obar Dheathain.- <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2021/10/20211007-ObarDheathain-GB-Deireannach.pdf>
21. Sgìre-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig airson Bun-sgoil Mount Pleasant, an Lùnastal 2019 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2020/08/Freagairt-Bh%C3%B2rd-na-G%C3%A0idhlig-airson-Co-chomhairleachadh-air-Sg%C3%ACre-sgoile-airson-Foghlam-tron-Gh%C3%A0idhlig-ann-an-Inbhir-The%C3%B2rsa-.pdf>

Freagairtean co-cheangailte ri Coimhearsnachdan Eileanach is Dùthchail

22. Co-aonadh Colaisde Dùthchail agus nan Eileanach Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan, an Dàmhair 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/10/UHI-College-Merger-BNG-Response-FINAL-eng-gd.pdf>
23. Plana Poileasaidh Coimisean na Croitearachd, an t-Sultain 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/09/Litir-bho-BnG-gu-CC-mu-phlana-poileasaidh-ur-FINAL-GD-eng.pdf>
24. Seirbheis Aiseagan a tha Nuadh is Seasmhach do dh'Alba, an Lùnastal 2022 - <https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2022/08/20220826-Freagairt-Aithisgean-ParlamaidnahAlba.pdf>
